

MG

ALBA

PASGAN FASTAIDH

CLAR-INNSE

FÀILTE BHON AO	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SGILEAN & EÒLAS	8
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	10

Facal bhon Àrd-Oifigear againn...


Tha beàrn-obrach againn airson Obraiche Shealbhan nam Meadhanan a thighinn còmhla ris an sgioba againn san oifis ann an Steòrnabhagh. Bidh an neach a' toirt taic do raon farsaing de ghnothaichean teicnigeach taobh a-staigh ar Sgiobaidhean Foillseachaidh is Didseatach.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thighinn còmhla rinn fhad 's a tha a' bhuidheann againn a' dol tro chruth-atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh a tha ag atharrachadh gu luath.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dìleab a chruthachadh don luchd-ùidh againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



Dòmhnall Caimbeul
28/6/24

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH



AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic

FILMG

AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd amhairc

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathais

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach



Obraiche Shealbhan nam Meadhanan

Tìotal-obrach	Obraiche Shealbhan nam Meadhanan	Ìre	B2	Uairean seachdaineil	37
Àite	Steòrnabhagh				
Adhbhar	Taic a thoirt do raon farsaing de ghnothaichean teicnigeach taobh a-staigh na Sgiobaidhean Foillseachaidh is Didseatach.				
Tuarastal	£26,317				
Cunntachail gu	Manaidsear So-mhaoin Dhidseatach				
Ag obair le	<p><u>In-taigh</u> – sgiobaidhean Foillseachaidh, Didseatach agus Ceannard Teicneòlais & Oighreachd</p> <p><u>A-muigh</u> – BBC Scotland, Alba Chruthachail, luchd-dèiligidh.</p>				
Amasan	<ul style="list-style-type: none"> • Dèanamh cinnteach gun tèid susbaint a lìbhrigeadh ann an deagh àm gus cinn-latha a choileanadh thar gach ùrlar • Dèanamh cinnteach gu bheil lìbhrigeadh susbaint craolaidh a rèir nan inbhean teicnigeach riatanach • A' cumail sùil air digiteachadh agus glèidheadh an leabharlainn teip 				
Prìomh Thoraidhean	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan cinnteach gu bheilear a' cur a-steach sgrìobhainnean agus meata-dàta ann an deagh àm airson prògraman agus eadar-roinnean a tha clàraichte airson an craoladh air BBC ALBA agus ùrlaran foillseachaidh eile. • Ag obair mar phàirt de sgioba a' dèanamh cinnteach gu bheil an uidheamachd gu lèir ag obair mar bu chòir agus gun tèid rud sam bith a tha ceàrr no briste innse agus freagairtean a chuir an gnìomh. • Ag obair còmhla ris a' Mhanaidsear So-mhaoin Didseatach air trèanadh agus leasachadh. • Dèanamh cinnteach à tasglann didseatach ceart de mhaoin mheadhanan MG ALBA. • Deònach gu dìcheallach do leasachadh proifeiseanta, cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, suidheachadh amasan agus prìomh thoraidhean. 				
Prìomh Ghnìomhan	<ul style="list-style-type: none"> • Cuideachadh le stiùireadh mheadhanan air faidhlichean agus pròiseasan eile co-cheangailte ri DPP taobh a-staigh siostaman a' BhBC agus MG ALBA, a' dèanamh cinnteach gu bheil susbaint stèidhichte air faidhle a' cumail ri inbhean ro-aontaichte. • Taobh a-staigh an Sgioba Foillseachaidh, cuidich an Rìochdaire Eadar-Roinneil le bhith a' cruinneachadh agus a' lìbhrigeadh stuthan eadar-roinneil (junctions) seachdaineil, cuir a-steach mheadhanan, a' càradh cùisean faidhle bhidio airson gèilleadh teicnigeach, a' dèanamh pròiseasan smachd càileachd a làimhe agus fèin-ghluasadach agus sgrùdaidhean tuiteamach air dealbhan air stuth prògraim is eadar-roinneil ro chraoladh. • Tasglann agus logadh a h-uile maoin mheadhanan. 				

- Cuideachadh le riochdachadh agus ullachadh susbaint airson ùrlaran didseatach
- Dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri reachdas Slàinte is Sàbhailteachd agus na cleachdaidhean as fheàrr
- Dèanamh cinnteach gu bheil uidheamachd MG ALBA ann an deagh òrdugh obrach fad na h-ùine.
- Ceangal ri luchd-dèiligidh bhon taobh a-muigh gus dèanamh cinnteach gu bheil toradh leantainneachd air a chrìochnachadh a rèir inbhean craolaidh a' BhBC
- Dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan reusanta luchd-dèiligidh bhon taobh a-muigh a choinneachadh fad na h-ùine
- Dèanamh cinnteach gu bheilear a' clàradh phrògraman stiùidio ann an dòigh phroifeiseanta

Fad:

Teirm-shuidhichte 2 bhliadhna le ùine dearbhaidh soirbheachail 6 mìosan

Sgilean agus Eòlas

	Riathanach	Miannaichte
Teisteanasan / eòlas-beatha	<ul style="list-style-type: none"> • Ùidh mhòr ann an riochdachadh telebhisein 	<ul style="list-style-type: none"> • Eòlas roimhe seo ann an gnìomhachas cruthachail • Eòlas craolaidh/riochdachaidh
Feumalachdan cànan	<ul style="list-style-type: none"> • Fileanta sa Ghàidhlig no neach-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha dealasach a thaobh comas-comais a ruighinn 	<ul style="list-style-type: none"> • Fileanta sa Ghàidhlig
Sgilean	<ul style="list-style-type: none"> • Comas a bhith ag obair agus a' coileanadh thargaidean • Dòigh-obrach eagarach a thaobh obair • Aire làidir gu mion-fhiosrachadh. • Sàr sgilean eagrachaidh agus planaidh • Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte) • Microsoft Teams 	
Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> • Tuigse air adhbhar-bith MG ALBA 	<ul style="list-style-type: none"> • Tuigse bhunaiteach air teicneòlas riochdachaidh
Modhan- giùlain	<ul style="list-style-type: none"> • Tog dàimhean gu furasta • Comas prìomhachas a thoirt do eallach-obrach, comas obrachadh gu cinn-ama teann agus a bhith ag obair fo chuideam • A bhith comasach obrachadh gu cofhurtail air do cheann fhèin gun stiùireadh • Fuasgladh cheistean • Sùbailteachd a thaobh siubhal agus obair oidhche agus deireadh-sheachdain. 	<ul style="list-style-type: none"> • Mothachail gu sòisealta

Sanas

Mar Oobraiche Shealbhan nam Meadhanan aig MG ALBA, bidh thu ag aithris don Mhanaidsear So-mhaoin Dhidseatach agus ag obair còmhla ris and Sgioba Foillseachaidh agus an Sgioba Didseatach. Bhiodh tu cunntachail airson maoin mheadhanan MG ALBA thar gach ùrlar. Tha cothroman trèanaidh is leasachaidh air an toirt seachad gus dèanamh cinnteach gun urrainn don neach-dreuchd comas a nochdadh thar raon dhleastanasan na sgioba.

Airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo, feumaidh tu a bhith dèidheil air ionnsachadh agus ùidh a bhith agad ann an riochdachadh telebhisein. Cha leig thu leas a bhith mar neach a tha làn-chomasach oir gheibh thu trèanadh agus leasachadh oir bheir sinn dhut taic le sin.

Bidh thu for-ghnìomhach agus toilichte a bhith ag obair aig amannan gun stiùireadh a' coileanadh thargaidean is cinn-ama aontaichte.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agad cuideachd air raon de shochairan, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnaid agus 6 làithean-poblach
- Cothroman ballrachd *gym*
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Investors in People (Platinum), We Invest in Wellbeing (Òr) agus Investors in Young People (Òr).
- Taic gluasaid ri fhaighinn, far a bheilear a' coinneachadh ri slatan-tomhais

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean - Dihaoine 12 Iuchar 2024, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Feuch an cuir thu do CB agus litir-chòmhdachaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thuigse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAINING!

